



Comharrachadh ealanta air  
buaidh nan Albannach agus  
an cultar anns gach  
ceàrnaidh den t-saoghal.

Coimhearsnachdan bho  
fhichead 's a còig nàisean a'  
tighinn còmhla a dh'innse  
an sgeulachdan fhèin.

Fior dheagh thaisbeanadh  
airson *Bliadhna Tilleadh*  
*Dhachaigh na h-Alba 2014!*



# Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba

## Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba

Airson tuilleadh fiosrachaidh, cuiribh fios gu: [info@scottishdiasporatapestry.org](mailto:info@scottishdiasporatapestry.org)  
no +447758 089950

Prestoungrange Gothenburg, 227-229 Sràid Àrd, Prestonpans, Lodainn an Ear, Alba EH32 9BE

Dileab chruinneil na h-Alba mar nach fhacar a-riamh roimhe e, air fhuaigheal le  
coimhearsnachdan an Diaspora ann an 25 dùthchannan air feadh an t-saoghail!

# Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba

## A' Cur Fàilte air an t-Saoghal

Is e pròiseact ealain bhrosnachail ghlòir-mhiannach coimhearsnachd a th' ann an Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba a chuireadh air adhart le Fèis Ealain Prestounrange, an sgioba a tha air cùl *Grèis-bhrat* ainmeil *Prestonpans*.

Bho 2012, tha sinn air a bhith a' còmhradh ri coimhearsnachdan le freumhan Albannach air feadh an t-saoghail air fad, a' tairlsinn cothrom dhaibh agus cuireadh nach urrainn dhaibh a dhìultadh: **carson nach innis sibh an sgeulachd agaibhse dha Alba!**

On uair sin, tha àireamh ana-mhòr de dhaoine saor-thoileach air a bhith drípeil a' rannsachadh, ag aithriseachd agus a' fuagheal an ceanglaichean ri Alba. Chan eil pròiseact ealain lèirsinneach sam bith eile air feuchainn air an Diaspora Albannach a cheangal ri chèile san dòigh seo!

## Cruthachadh a' Ghrèis-bhrait

Le coimhearsnachdan fad' is farsaing a' cur thugainn an sgeulachdan fhèin, dh'ullaich Anndra Crummy an neach-ealain againn, dealbhan pannail airson am fireanachadh. An dèidh aonta air a' mhion-fhiosrachadh, thòisich am fuagheal!

Tha an Grèis-bhrat slàn a' clàradh sgeulachdan à fichead 's a còig diofar dùthach, a' spangachadh nan linntean agus a' nochdadh leud is buaidh na dileib aig diaspora na h-Alba.

*Bidh mìltean de dh'uairean obrach, milleanan de ghrèimean le ceudan de làmhan saor-thoileach a-nis a' tighinn gu chèile gus priomh thaisbeanadh a chruthachadh, a bhios a' dol air chuairt ann an Alba ann an 2014.*

## Far am faicear Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba ann am

### BLIADHNA TILLEADH DHACHAIGH NA h-ALBA 2014

#### 31 Cèitean – 8 Ògmhios

##### CIAD-SEALLADH CRUINNEIL – Fèis Ealain nan Trì Calaidhean

Ionad Coimhearsnachd Prestonpans, Lodainn an Ear

#### 23 Ògmhios – 23 Iuchair

Ionad MhicRaibeirt, Oilthigh Shruighlea

#### 6 Lùnastal - 31 Lùnastal

Àrd-Eaglais an Naoimh Moire, Dùn Èideann

#### 6 Sultain - 22 Sultain

Muileann Acair, Pàslig

#### 27 Sultain - 25 Dàmhair

Taigh-tasgaidh is Gailearaidh Ealain Inbhir Nis  
agus Gailearaidh Naoimh Fhearghais, Inbhir Ùige

## Bliadhna Tilleadh Dhachaigh

Tha a' phròiseact air a dealbh airson a cur air adhart aig Bliadhna Tilleadh Dhachaigh na h-Alba 2014. Thèid an Grèis-bhrat slàn a chur air bhog na bhaile dachaigheil, Prestonpans ann an Lodainn an Ear. Às dèidh sin, bidh e air a thaisbeanadh ann an diofar àiteachan-cruinneachaidh air feadh Alba.

Tha Tilleadh Dhachaigh 2014 mar chuireadh bho Alba do mhuinnitir an Diaspora gus tilleadh a lorg am freumhan a-rithist. **Feuch gum bi an Grèis-bhrat na phàirt chudromach den turas sin, ge 'r bith cò às a thig sibh.**

## Coimhearsnachdan Dachaigheil

Tha an Grèis-bhrat a' ceangal nàiseanan air feadh an t-saoghail, gam fighe ri chèile leis an t-snàithlean choitcheann co-cheangailte ri buaidh chultarach is eachdraidheil Alba. **Lorg a-mach mar a tha thu a' freagairt a-steach don coimhearsnachd chruinneil seo.**

Tron bhliadhna seo agus às dèidh sin, bidh an Grèis-bhrat ag oidhrip air a phàirtean buntainneach a thaisbeanadh chan ann a-mhàin aig priomh thaisbeanaidhean poblach ach cuideachd ann an coimhearsnachdan air feadh Alba, a tha gu dìreach co-cheangailte ri coimhearsnachdan an Diaspora a dh'fhuagheil iad. Cumaibh sùil air an làraich-lìn airson tuilleadh fiosrachaidh.

## Às Dèidh 2014

Chan eil an sgeul seachad an sin! Ann an 2015, tha sinn a' tairlsinn cothrom do na coimhearsnachdan a dh'fhuagheil an Grèis-bhrat, a thaisbeanadh agus às dèidh sin thèid e air chuairt fad' is farsaing. **Agus tha fios againn gum bi an-còmhnaidh tuilleadh sgeulachdan rin innse ...**

Astràilia	Siona	An Eadailt	Iameuca	Tha Grèis-bhrat Diaspora na h-Alba ga chruthachadh le taic fialaidh bho:	An Òlaind	Pagastan	Afraga a Deas
Arsaintiona	Sasainn	Na h-Innseachan	Lituàinia		Sealan Nuadh	A' Phòlainn	An t-Suain
Braisil	An Fhraing	Poblachd na h-Èireann	Malàbhaidh		Èirinn a Tuath	Portagail	Na Stàitean Aonaichte
Canada	A' Ghearmait				Nirribhigh	An Ruis	